

Sia Sgeulachdan Gaidhealach

West Highland Animation

Clann Tuirc

An Leabhar sa air fhoillseachadh airson na ciad uarach an Albainn ann an 2007 le Clann Tuirc, Tigh a' Mhaide, Ceann Drochaid, Siorrachd Pheairt FK17 8HT

Air a chlò-bhualadh le Wm Culross & Son Ltd, Cùbar Aonghais

ISBN 9780-9549733-6-0

A' Ghàidhlig © Richard A.V. Cox agus Murchadh MacLeòid, 2007
Na dealbhan © West Highland Animation, 2007

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith den leabhar seo athriochdachadh an cruth sam bith, no air dòigh sam bith, gun chead ro làimh bhon fhoillsichear.

Chaidh na dealbhan airson an leabhair seo a thoirt à filmichean a chaidh a chur ri chèile ann am bùihtean-obrach dhealbhan-beò air an ruith le West Highland Animation, mar a leanas:

'S e a-Nochd an Oidhche
le cloinn Bun-sgoil Loch Êireann, Siorrachd Pheairt, 1990.

Murchadh Dubh na h-Uamha
le cloinn bho Aonad Gàidhlig Gheàrrloch, Ros an Iar, 1996.

Muile-mhàgag Mhic 'ic Ailein
le cloinn aig Fèis nan Garbh Chriochan, Àth Tharracail, Àird nam Murchan, 1994.

Bàs Fhinn
le cloinn Bun-sgoil Chill Fhinn, Siorrachd Pheairt, 1991.

A' Bhana-bhudseach Mhuileach
le cloinn bho Bhun-sgoil Cheann Loch Dona agus bho bhùth-obrach shamhraidh ann am Bun Easain, Muile, 1996.

An Nathair Gheal
le cloinn bho Aonad Gàidhlig Thunga, Cataibh, 1996.

Aitheantas, airson an cuideachaidh le obair-sgeòil agus obair-ealaín, do Anndra Wiseman, Catriona NicilleDhuibh, Diana Hand, Hazel Walker, Iain MacDhòmhnaill à Müideart, Iseabail Mhoireach, Joseph MacAoidh, Màiri Mhoireasdan, Roy Wentworth, Ruairidh MacNeacail, Sandra Cheannadach agus Tara Dhùghlas.

Bho chionn 1988 agus fo stiùir West Highland Animation, tha barrachd air 50 buidheann bhun-sgoile agus luchd-ionnsachaидh air feadh na h-Albann air filmichean dhealbhan-beò a dhéanamh à beul-airthris nan sgìrean aca fhèin, airson TBh agus luchd-amhairc eadar-nàiseanta. Airson tuilleadh fiosrachaidh, tadhail air www.westhighlandanimation.co.uk.


Chuidich Comhairle nan Leabhairchean am foillsichear le cosgaisean an leabhair seo.

Clàr-innse

'S e a-Nochd an Oidhche	4
Murchadh Dubh na h-Uamha	14
Muile-mhàgag Mhic 'ic Ailein	26
Bàs Fhinn	36
A' Bhana-bhuidseach Mhuileach	47
An Nathair Gheal	56

'S e a-Nochd an Oidhche

Annn an teis-meadhan Shiorrachd Pheairt, tha dà loch fhada agus beanntan eatarra. Bhiodh Clann an Aba a' fuireach ann an caisteal mòr daingeann air eilean aig ceann an dàrna loch, Loch Tatha, agus bhiodh Clann Neis a' fuireach ann an caisteal air eilean aig ceann an loch eile, Loch Èireann.




An latha bha seo, sa bhliadhna 1612, chuir ceann-cinnidh Chloinn an Aba cuid dhe na searbhan tan aige a-null gu Craoibh a dh'iarraidh biadh is deoch a dhèanadh an gnothach dha fhèin is dha bhean is dhan chloinn aca – trì duine deug gu lèir – air feadh na Nollaige.



Beagan mhìosan ron sin, bha Clann an Aba air ruaig a chur air Clann Neis ann am blàr sgriosail, agus cha robh adhbhar sam bith aca a-nis a bhith a' creidssinn gum biodh na searbhanntan aca ann an cunnart bho na seann nàimhdean aca air an rathad.

Ach nuair a bha na searbhanntan air an t-slighe dhachaigh, na h-eich aca le lod de phocannan air an druim, rinn na bha fhathast beò de Chlann Neis ionnsaigh orra agus dh'fhalbh iad leis na pocannan. Chuir iad na searbhanntan dhachaigh gun dad idir aca agus chaidh iad fhèin air ais a Loch Éireann. Fhad 's a bha iad a' cur a h-uile rud a ghoid iad sa bhàta ach am faigheadh iad chun an eilein aca, nochd cailleach aig




an robh an dà shealladh. Bha balaich Chloinn Neis gu bhith toirt cuid dhen stuth a fhuair iad dhi, ach 's ann a dhiùlt ise, ag ràdh nach robh ise a' dol a bheantainn ri rud a chaidh a ghoid. Shìn i a làmh suas agus rinn i èigh: 'A Chlanna Neis, an aire oirbh ron àm a bhios dà bhàta air Loch Èireann!'






Ghabh iadsan feagal an toiseach mus do chuimhnich iad nach robh air an loch ach an aon bhàta agus gur h-ann leothasan a bha i. Rinn iad lachan gàire agus a-steach dhan a' bhàta leotha agus a-null chun a' chaisteil. Aig a' cheart àm, bha na searbhan tan aig Clann an Aba air an dachaigh a ruighinn agus bha iad ag innse mar a thachair dhaibh. Bha an còignear bhalach a bu shine dhen



teaghlaich a' gealltainn gun dèanadh iad dioghaltas air Clann Neis, ach rinn an còrr dhen chloinn rà nail. Bha Nollaig fhuar acrach gu bhith aca a' bhliadhna sin, smaoinich iad – gun bhiadh is gun deoch. Ach bha a' mhàthair a' gabhail moit às na balaich mhòra agus 's ann an uair sin a thuirt i, "S e a-nochd an oidhche, ma bhios na gillean nan gillean!"




A-mach leotha chun a' bhàta, agus dh'iomair iad a-null Loch Tatha. Nuair a ràinig iad taobh eile an loch, 's ann a thog iad am bàta air an guailnean agus thòisich iad ri sreap na beinne a tha na laighe eadar an loch aca fhèin agus Loch Èireann. 'S e rathad garbh duilich a bh' aca, a' dìreadh agus an uair sin a' cromadh na beinne – rud nach do rinn duine sam bith eile a-riamh bhon oidhche sin.





Bha e fhathast dorch nuair a ràinig iad bòrd Loch Èireann. Chuir iad am bàta air bhog agus dh'iomair iad gu sàmhach a-null gu Caisteal Chloinn an Aba. Bha an rud a thuirt a' chailleach air an robh an dà shealladh a-nis fior: bha dà bhàta air Loch Èireann. Bha beagan de sholas an latha a-nis aca, agus liùg iad suas gu doras a' chaisteil. Ghnog Iain Mìn, fear dhe na balaich, air an doras. 'Cò tha sin?' arsa ceann-cinnidh Chloinn Neis. 'Cò an duine as lugha a tha thu an dùil ris?' dh'fhaighnich Iain. 'Tha Iain Min!' ars' esan. Bhris na balaich a-steach air an doras an uair sin, agus chuir iad cinn nan spùinneadairean bhàrr an guailnean mus robh tide acasan an glainnichean a chur sios.




Thill na balaich dhach-aigh. Agus ma bha am bàta trom a' dol a-null, bha i na bu truime a' till-eadh agus poca làn de chinn na broinn. Ach cho luath 's a ràinig iad an caisteal, dhòirt iad na cinn a-mach air an làr, a' sealltainn dhan a h-uile duine gun deach an oidhche leotha.

Murchadh Dubh na h-Uamha

Am meadhan na ceathramh linn deug, bha fear ann air an robh Murchadh Dubh a bha na cheann-cinnidh air Clann Mhic-Ciunnich ann an Cinn t-Sàile. Bha e air a theaghlach agus an oighreachd aige a chall, agus seo mar a fhuair e air ais iad.

An latha a bha seo, is e am falach ann an Leòdhas, 's ann a choinnich e ri coigreach tapaidh air an robh an Gille Riabhach



mar ainm. 'Agus cò thusa?' ars' an Gille Riabhach. "S e Murchadh Dubh na h-Uamha a chanas iad rium, ach is mise an Ceathramh Ceann-cinnidh air Clann MhicCoinnich ann an Cinn t-Sàile.'

Dh'innis Murchadh Dubh dha charaid ùr mar a chaidh athair fhèin a mhurt is mar a chaidh an oighreachd aige a ghoid le làmhachas-làidir le bràthair athar, Leòd MacGillAnndrais, is mar a bha aige fhèin ri teicheadh is ri dhol am falach agus eagal a bheatha air.






'Cha robh air fhàgail agam ach a' bhanaltram a b' àbhaist a bhith a' coimhead às mo dhèidh. Mura biodh ise ann, cha bhithinn beò an-diugh. Fad deich bliadhna, fhuair mi fasgadh ann an uamhan iomallach Chinn t-Sàile, agus 's e sin as coireach gun tug iad Murchadh Dubh na h-Uamha orm.

'Ach cha do dhìochuimhnich bràthair m' athar mi agus, a h-uile bliadhna bho dh'fhalbh mi, tha e air a bhith a' cur dhaoine às mo dhèidh gus mo mhurt, agus thàinig orm teicheadh bho àite gu àite. Agus tha mi nise a' lorg cuideachaidh gus am faigh mi cothrom air m' oighreachd fhaighinn air ais.'






'S e duine làidir calma a bh' anns a'
Ghille Riabhach agus leum e suas, ag
èigheachd, 'Is mise an dearbh fhear a
tha dhìth ort! Tha gu leòr dhaoine agam,
is tha sinn uile deiseil is deònach!'

Dh'aontaich Murchadh Dubh anns a'
bhad ris an tairgse a bha seo, agus
cha b' fhada gus an do lìon an dithis
aca bàta le daoine làidir gaisgeil a
bheireadh cuideachadh dha Murchadh
Dubh.


Sheòl iad gun dàil an uair sin bho
Leòdhas gu Ciseorn gus dioghaltas
fhaighinn air an fheadhainn a mharbh
athair Mhurchaidh Dhuibh agus gus
am fearann a bhuiteadh dha fhaighinn
air ais.



Bha gaoth mhath anns na siùil aca agus cha b' fhada gus am faiceadh iad Ciseorn. Cho luath is a ràinig iad tir-mòr, dh'fhalbh iad air an cois tro na coilltean tiugh a dh'ionnsaigh na seann dachaigh aig Murchadh Dubh, gun fhios aig MacGillAnndrais air dè bha dol a thachairt. Lean iad orra gu faiceallach tro na

coilltean agus an ceann greis mhothaich iad do chuideigin a bha a' tighinn gan ionnsaigh. Chaidh iad am falach ach cha leigeadh iad a leas: 's e bha seo ach an t-seann bhanaltram aig Murchadh Dubh, is i a' togail connaidh airson an teine.

'Cò thusa?' ars' ise. 'Na gabh feagal!' arsa Murchadh Dubh. 'Nach eil thu gam aithneachadh idir? Is mise Murchadh Dubh na h-Uamha!' Abair gun robh ise toilichte sin a chluinntinn! Ach 's ann a thuirt i, 'Mas e an fhirinn a th' agad, seall dhomh an comharra craicinn a th' ort.' Chuir e a chùl rithe anns a' bhad agus thog e a bhreacan agus bha an comharra aige an sin air a mhàs.



Ò, 's tu fhèin a th' ann ceart gu leòr, a Mhurchaidh!' ars' a' bhanaltram. 'Mo chreach, nach tu dh'fhàs mòr!' 'Uill, tha greis ann bho chunnaic thu mi!' ars' esan.



Fhuair a' bhanaltram obair ann an taigh bràthair-athar Mhurchaidh Dhuibh, agus cha b' fhada gus an robh fios aice cuin a bhiodh MacGillAnndrais a-muigh a' sealg. An ath latha nuair a chaidh MacGillAnndrais chun na h-aibhne a choinneachadh ri chàirdean, bha Murchadh Dubh agus an Gille Riabhach ann roimhe. 'A Mhurchaidh Dhuibh!' dh'èigh MacGillAnndrais. 'Tha thu beò fhathast!' 'Is mi tha,' arsa Murchadh Dubh, 'ach cha bhi thu fhèin fada beò!' 'Na marbh mi, na marbh mil!' bha MacGillAnndrais a'






guidhe, ach cha do dh'èist Murchadh Dubh ris agus thug e dheth an ceann leis a' chlainneamh mhòr aige. Agus ma bha duine sam bith eile ann nach robh ag aideachadh gum b' e Murchadh Dubh an ceann-cinnidh ceart aca, chaidh an cur gu bàs air an aon dòigh, agus chaidh na cinn aca a thilgeil dhan abhainn.





Cha b' fhada gus an robh
Murchadh Dubh na h-Uamha
na cheannard aon uair eile air
dachaigh a theaghlaich fhèin,
agus a chàirdean agus a sheann
bhanaltram an sin còmhla ris.



Agus 's e Àth nan Ceann a thug iad air an àite far an
deach cinn a nàimhdean a shadail dhan abhainn ...

Muile-mhàgag Mhic 'ic Ailein






B' e Dòmhnaill Dubh, Mac 'ic Ailein, an treas ceann-cinnidh deug aig Clann Raghnaill, agus b' esan an ceann-cinnidh a bu mhiosa a bh' aca a-riamh. Cha robh ann ach duine borb dha-rìribh – burraidih ceart. 'S e coltas dubh dorch a bh' air a chraiceann agus bha a nàdar a cheart cho dubh. Cha robh e air a dhòigh ach nuair a bha e ri murt no ri donas air choreigin.

An latha a bha seo, chuala Dòmhnull Dubh mu dheidhinn seann bhodach a bha na fiosache. Dh'innseadh am fiosache rudan a bha dol a thachairt bho na comharraidhean a chitheadh e air cnàimh-gualainn a thàinig à caora mharbh. Bha Dòmhnull Dubh



airson gum faigheadh e a-mach dè bha dol a thachairt, agus chaidh e a chèilidh air a' bhodach. 'A bhodaich, dè chì sibh an sin?' arsa Dòmhnaill Dubh, is e a' toirt dha cnàimh-gualainn à caora mharbh. Dh'ëirich am fiosache, thog e an cnàimh is sheall e ris airson greis mhath.





'Chì mi rud nach còrd ri Mac 'ic Ailein,' ars' am bodach. Ach thug Dòmhnaill Dubh air innse dha dè bh' ann. 'Bidh gibein air gach gadan de dh'fhearrann Chloinn Raghnaill!' dh'èigh am fiosaire. Cha b' e seo na bha Dòmhnaill Dubh airson a chluinntinn, ge-tà, agus rinn e mar a rinn e iomadh uair roimhe: ghabh e greim air a chlaidheamh agus mharbh e am bodach.



Ach bu neònach an rud a thachair an uair sin. Fhad 's a bha am fiosaire a' bàsachadh, chunnaic Dòmhnull Dubh muile-mhàgag bheag a' tighinn à beul an fhiosaire. Thug i aon leum aiste agus 's ann air tè dhe na brògan mòra a bh' air Dòmhnull Dubh a stad i, agus bha greim aice cho teann air a' bhròig is nach gabhadh i gluasad.

Bho sin a-mach, bha a' muile-mhàgag còmhla ris! Is gach uair a dhèanadh e droch dhiol air cuideigin, dh'fhàssadh ise na bu mhotha.

Ach cha tug sin air Dòmhnaill Dubh a dhòighean grànda atharrachadh. Aon latha, ghlac e nighean a bha feuchainn ri goid às a' chiste ionmhais ann an Caisteal Tioram, is dè rinn e ach gun do cheangail e le slabhraidih i ri sgeir gus an deigheadh a bàthadh nuair a thigeadh an làn a-steach.





Ach an dèidh sin, bha a' mhuile-mhàgag a' cur dragh air;
gu dearbh, sin an aon rud ron robh e a' gabhail feagal.
'Gheibh mise greim ort,' ars' esan ris a' mhuile-mhàgag, 'is
cuiridh mi a tholl-dubh a' chaisteil thu.'



'Fhuair mi cuidhteas thu a-nis!' arsa Dòmhnaill Dubh, le gàire, is e dol a-mach a-rithist gus tuilleadh spùinneadaireachd is goid a dhèanamh.
"S e tha math bhith saor bhuat!"

Ach is beag a bha fios aige gun robh a' mhuile-mhàgag fhathast às a dhèidh, is nuair a ràinig e tir-mòr bha na míltean eile dhiubh roimhe air a' chladach, is a' mhuile-mhàgag mhòr aige fhèin an sin nam measg. Thug e a chasan leis chun a' bhàta, is a' mhuile-mhàgag air a shàil. A-mach leis dhan loch agus na ràimh a' bualadh an uisge cho luath is a ghabhadh.

Chan eil fhios aig duine càite an deach Dòmhnaill Dubh ach cha do thill e a-riamh, agus cha do thill a' mhuile-mhàgag na bu mhotha.



Bàs Fhinn

Uair dhen robh an saoghal, bha fear ann a bha na ghaisgeach treun air an robh Fionn mac Cumhail mar ainm. Bha claidheamh draoidheil is bò dhraoidheil aige, ach na b' fheàrr fhathast bha fiacail dhraoidheil aige na bheul a dh'innseadh an fhìrinn gach uair a bheanadh duine rithe.



Bhiodh Fionn agus an còrr dhen treubh aige, an Fhèinn, ri sealg is ri cleasachd air feadh na h-Éireann agus na h-Alba. Agus an latha bha seo, chaidh e fhèin a chèilidh air bana-phrionnsa na sìthe, a bha fuireach air Eilean lubhar ann an Loch Dochard.





Ach bha leannan aig a' bhana-phrionnsa mu thràth air an robh Taileachd mac Cuilgeadain, is nuair a chuala Taileachd gun robh fear eile a' tadhail air a' bhana-phrionnsa – a bha cho maiseach bòidheach – bha farmad eagalach air agus dh'fhàs e feargach. Gun dàil, thòisich



na fir a' sabaid ri chèile, agus airson stad a chur orra,
dh'aontaich a' bhana-phrionnsa gum pòsadh i an duine
a dhèanadh leum a-null gu tìr-mòr agus leum air ais a-
nall chun an eilein. Uill, rinn iad sin, agus b' e Taileachd
a' chiad fhear a thill.



Cha robh ach aon rud ann a mharbhadh Fionn, agus b' e sin an claidheamh draoidheil aige fhèin, ris an canadh iad Mac an Luinn. Mar a thachair, bha Fionn air an claidheamh aige a chur dheth mus deach e a bhuidhinn ris a' bhana-phrionnsa, agus ghabh Taileachd greim air a' chlaidheamh agus leis an aon bheum thug e a cheann bhàrr a ghualinean. A-null leis an uair sin chun a' bhàta is ceann Fhinn na dhòrn.



An dèidh seo, chaidh an Fhèinn chun an eilein agus thog iad corp an caraid agus chaidh iad a Chill Fhinn airson a thiodhlacadh. Agus an uair sin chaidh iad às dèidh an fhir a mhurt e gus am faigheadh iad dìoghaltas airson bàs Fhinn, ceannard na Fèinne.







À Cill Fhinn ruith am murtair suas Gleann Lòchaidh, a' gabhail roimhe suas Gleann Lìomhann agus a-null gu Loch Raineach. An dèidh mu dheich mìle fichead a dhèanamh, bha Taileachd cho sgìth is gun do dh'fhàg e ceann Fhinn air post faisg air ceann Loch Rainich, agus ghabh e fhèin fasgadh ann an uaimh ann am Beinn Eallar.






Lean na gaisgich orra às dèidh Thaileachd, suas Gleann Lòchaidh, suas Gleann Liomhann agus a-null gu Loch Raineach, agus mu dheireadh ràinig iad am post le ceann Fhinn air a mhullach. 'S e rinn iad an uair sin ach gun do chuir iad ceist air a' cheann: 'A bheil sgeul air an fhear a mhurt thu?' ars' iadsan. 'Tha,' ars' an ceann – agus b' e an fhìrinn a bh' aig a' cheann is an fhiacail dhraoidheil fhathast ann – 'Tha e ann an uaimh ann am Beinn Eallar.'

'Marbhphaisg ort!' dh'èigh na gaisgich, agus a-steach leotha dhan uaimh gus cur às dhan fhear a thug bàs dhan cheannard aca.


A' Bhana-bhudseach Mhuileach



Air cuid de na h-Eileanan a-Staigh uaireigin, bha triùir bhana-bhudseach a' fuireach, agus 's i an Doiteag, a' bhana-bhudseach Mhuileach, an tè a bu treasa dhiubh. Bha smachd aice air a' mhuir mun cuairt Mhuile agus chuireadh i an ruaig air bàta sam bith nach cordadh rithe: cha robh aice ach ri sèideadh is bhiodh am bàta air a sadail bhon eilean.



An latha bha seo, thàinig birlinn mhòr fo sheòl a-steach dhan bhàgh agus leag i a h-acair ann. Dh'fhàs an Doiteag feargach agus ged a shèid i cho làidir 's a b' urrainn dhi, cha do rinn an soitheach ach bogadaich air bàrr nan tonn. Is mu dheireadh, dh'èigh i air a càirdean ann an Tiriodh is an ìle a thighinn ga cuideachadh.



Bha an triùir bhana-bhudseach air a' chladach a' sèideadh cho làidir is a ghabhadh, agus cha do rinn am bàta ach luasganaich air uachdar na mara. 'Tha mise claoidhthe,' ars' an Laodhrag Thiristeach. 'Dè nì sinn?' ars' a' Ghlaisrig ìleach. 'Cuiridh sinn fios gu Gorm-shùil Mhòr,' ars' an Doiteag.

'S ann à Loch Abar a bha Gorm-shùil Mhòr, agus bha i na bu treise na an triùir eile còmhla. Cha robh innte ach an aon shùil mhòr ghorm agus 's e sin bu choireach gun robh Gorm-shùil Mhòr oirre mar ainm. Bhiodh smachd aice air cait agus – rud eile – bha i eagalach fhèin dèidheil air cèicichean.







'Is caomh leatha cèicichean,' ars' an Doiteag.
'Nì sinn cèic dhi.' Agus thug a' ghaoth fàileadh
na cèice a-null a Loch Abar.



'Feumaidh tu ar cuideachadh,' ars' iadsan, an dèidh dha
Gorm-shùil Mhòr ruighinn,
'ma tha thu ag iarraidh na
cèic!' Dh'aontaich Gorm-
shùil Mhòr anns a' bhad, is
dh'ith i a' cheic is cha do
dh'fhàg i aon chriomag dhith
air an truinnsear – dh'imlich i
an truinnsear cuideachd!


An uair sin, thòisich i air
geasachd a sheinn a bheir-
eadh air gach beathach cait
a bh' air an eilean a dhol
thuice.



Chuir Gorm-shùil Mhòr na cait a-null chun an t-soithich nan dithis agus nan triùir, cuid ann am basgaid is bailiùn, cuid air an giùlan le lon-dubh agus cuid ann am builgean seunta. Chaith feadhainn eile suas an acair agus feadhainn eile a-null le bàta beag.



Mus do mhothaich na seòladairean dè bha tachairt, bha na cait air feadh an àite, a' sgreuchail is a' ruith às an dèidh. Bha na seòladairean a' tuiteam dhan mhuir, is cha b' fhada gus nach robh duine air fhàgail air bòrd ach an caiptean. Agus bha na cait anns gach àite, a' briseadh a h-uile càil gus an deach a' bhirlinn fodha. Ach direach mus deach an soitheach à sealladh, rinn Gorm-shùil Mhòr sgrìob tron adhar, a' togail nan cat a bh' air a' bhàta gus an robh a h-uile gin dhiubh sàbhailte. Sin mar a fhuair an Doiteag is a càirdean cuidheas a' bhirlinn an latha ud.



An Nathair Gheal



'S e dròbhair bochd a bh' ann am Fearchar, a bha fuireach an Gleanna Gollaidh an ceann a tuath Chataibh. An latha bha seo, dhùisg e is a cheann goirt an dèidh dha cus uisge-bheatha òl an oidhche roimhe. Dh'fheuch e a phòcaidean: cha robh sgillinn airgid air fhàgail aige. Cha robh cothrom air: dh'fheumadh e a' bhò a reic. Cha robh a' bhò idir toilichte, ge-tà, is theich i.



Nise, bha craobh-challtann sa Ghleann agus gheibheadh tu steafagan math aiste: dhèanadh iad rud sam bith a chanadh tu riutha. Dh'èirich Fearchar, ma-thà, agus chaidh e chun na craoibh is gheàrr e steafag dha fhèin. 'Fhalbh is faigh a' bhò,' arsa Fearchar. A-mach leis an steafaig, is i làn toileachais gun deach iarraidh oirre rudeigin a dhèanamh. Ann an ùine nach robh fada, 's ann a thill an steafag is a' bhò aice.




Dh'fhalbh an triùir aca an uair sin gu fèill nam mart san Eaglais Bhric. Cha robh aig Fearchar ach ri coiseachd: 's i an steafag a chùm a' bhò fo smachd.

Cho luath 's a ràinig iad an fhèill, reic Fearchar a' bhò. 'Beairteach mu dheireadh thall!' ars' esan. Bha e cho sona ris an righ a-nis. 'Chaidh do mhealladh,' ars' an steafag. 'Thug iad do char asad.' (Sin an droch rud mu dheidhinn nan steafagan ud: cha chumadh iad am beul dùinte.) 'Cha tug iad,' arsa Fearchar. 'Thug,' ars' an steafag. Dhìochuimhnich iad gun cluinneadh daoine eile iad.

'Tha mise ag iarraidh na steafaig ud,' arsa coigreach a bh' air a bhith ag èisteachd riutha. Bha Fearchar air fàs sgìth dhen steafaig a-nis agus dh'aontaich e gun dàil ris a' bhargain: 'Dà not,' ars' esan. 'S ann a chuir seo cais air an steafaig: 'Fuirich ort,' ars' ise, 'tha mise eòlach air rudeigin as fhiach tòrr a bharrachd na mise.' 'Ò, seadh? Dè tha sin, ma-thà?' ars' an coigreach. 'Nathair Gheal Ghleanna Gollaidh,' ars' an steafag.



Thug an coigreach sileagan dhaibh anns an cuireadh iad an Nathair Gheal, agus dh'fhalbh iad air ais gu Gleanna Gollaidh. Air dhaibh an gleann a ruighinn, dh'iarr an steafag air Fearchar an fheadag a chluiche, ag ràdh gun tigeadh seachd nathraighean a-mach mus tigeadh an Nathair Gheal fhèin a-mach. Agus 's e sin an dearbh rud a rinn Fearchar, agus ghlac e an nathair agus chuir e san t-sileagan i.






Nuair a ràinig iad an Eaglais Bhreac, 's ann a dh'iarr an coigreach orra an nathair a chur sa choire dhraoidheil aige, agus 'Thoir an aire ort fhèin nach tig an t-uisge mun teine nuair a ghoileas e!' 'Càite a bheil an t-airgead agam?' arsa Fearchar. 'Dè an t-airgead?' ars' esan.



Cho luath 's a chuala an steafag nach robh an coigreach a' dol a phàigheadh an airgid a gheall e airson na nathrach, 'SLAIC SLAIC!' rinn i, agus thug an coigreach a chasan leis agus ruith an steafag luath às a dhèidh.



Bha Fearchar a-nis na aonar; cha robh duine ach e fhèin a' coimhead às dèidh a' choire dhraoidheil. Chuimhnich e air na thuirt an coigreach ach cha b' urrainn dha stad a chur air an uisce nuair a ghoil e agus a chaidh e mun teine, a' losgadh a chorraig fhèin aig an aon àm nuair a chaidh beagan dhen uisce oirre. 'Eubag!' dh'èigh Fearchar, agus stob e a chorrag na bheul gus nach biodh i cho goirt. Ach cho luath 's

a bhais e air an uisge a bh' air a' chorraig, chaidh cumhachd an uisge dhraoidheil na bhroinn agus bha comas slànachaidh aige. Leum an nathair a-mach às a' choire is chaidh i na lùban timcheall air an steafaig, is bha comas slànachaidh aig an steafaig an uair sin cuideachd.

An dèidh sin, thill Fearchar agus an steafag a Ghleanna Gollaidh, is chaidh esan na dhotair, agus chaidh an steafag na banaltram gus a chuideachadh.

